

Oidhche mhath leibh

Le Iain MacPhaidein (1850 – 1935)

Sèist

Soraidh leibh is oidhche bha leibh,
Farewell and goodnight to you,
Oidhche bha leibh beannachd leibh;
Goodnight and blessings upon you;
Guidheam slàinte ghnàth bhith mar ribh;
Let me wish health to be always with you;
Oidhche bha leibh, beannachd leibh.
Goodnight and blessings upon you.

Rann 1

Chan eil inneal-ciùil a ghleusar,
There is not a musical instrument that is played,
Dhùisgeas smuain mo chlàibh gu aoibh,
That would awaken thoughts of joy in my breast,
Mar nì duan o bheòil nan caileag;
As does songs from the mouths of the girls;
Oidhche bha leibh, beannachd leibh.
Goodnight and blessings upon you.

Rann 2

'S guth gum chridhe, pong nan òran,
Voice of my heart, a note of the song,
Caidir sòlais, òigridh seinn;
Embracing comfort, young people singing;
Aiteal ciùin air làithean m' òige,
A glimpse of calm in the days of my youth,
Sonas a bhith 'n còmhnaidh leibh.
Happiness that will always be with you.

Rann 3

Màthair uisg' an tobair fhìoruig',
Source of water, the spring well,
Cainnt ar sinnsir, brìgh na loinn;
Language of our forefathers, essence of elegance;
'S faochadh tlàth o ànradh m' inntinn,
And gentle relief from the distress in my mind,
Nuair bheir rann na glinn am chuimhn'.
When a verse from the glenn comes to mind.

Soraidh – farewell; **leibh** – with you, to you; **oidhche** – night; **beannachd** – blessings; **Guidheam** – let me wish; **slàinte** – health; **ghnàth** – always; **ribh** – with you;

inneal-ciùil – musical instrument; **ghleusar** – tuned, played; **Dhùisgeas** – would awaken; **smuain** – thoughts; **chlàibh** – breast; **aoibh** – joyous; **Mar** – as; **nì** – does; **duan** – song; **o** – from; **bheòil** – mouth; **caileag** – girl;

guth – voice; **chridhe** – heart; **pong** – note; **òran** – song; **Caidir** – embrace, cherish; **sòlais** – comfort; **òigridh** – young people; **seinn** – sing; **Aiteal** – glimpse; **ciùin** – calm; **làithean** – days; **òige** – youth; **Sonas** – happiness; **còmhnaidh** – always;

Màthair – source; **uisg'** – water; **tobair** – well; **fhìoruig'** – springwater; **Cainnt** – language; **sinnsir** – forefathers; **brìgh** – essence; **loinn** – elegance; **faochadh** – relief; **tlàth** – mild, gentle; **ànradh** – distress; **inntinn** – mind; **Nuair** – when; **bheir** – gives; **rann** – verse; **glinn** – glen; **chuimhn'** – memory;

Rann 4

Grian cha laigh a-nochd air mìltean

The sun does not set tonight for many

Leis am binn a fuinn 's a roinn,

With the melodious tunes and verses,

'S dom bi 'n sgeul na mhòr thoil-inntinn,

And there will be stories of great pleasure,

Dh'innseas dhaibh gu robh sinn cruinn.

That tells them that we are united.

Rann 5

Astar cuain cha dèan ar sgaradh,

Distance over oceans will not separate us,

Dùrachd dàimh am bannaibh toinnt';

Goodwill of kinship the bonds that entwine;

Glèidh an àgh a dh'fhàg a' bheannachd;

Maintaining the happiness left by the blessing;

Oidhche mhath leibh, beannachd leibh.

Good night to you and blessings upon you.

Rann 6

Thuit ar crann air saoghal carach;

Our lot has fallen in a deceitful world;

Coma siud, tha mhaitheas leinn;

Despite that, goodness is with us;

Bidh sinn beò an dòchas ro-mhath;

We will live in good hope;

Oidhche mhath leibh, beannachd leibh.

Good night to you and blessings upon you.

Grian – sun; **laigh** – lie; **a-nochd** – tonight; **mìltean** – thousands, many; **Leis** – with; **binn** – melodious; **fuinn** – tunes; **roinn** – verses; **sgeul** – story; **thoil-inntinn** – pleasure, satisfaction; **innseas** – tells; **dhaibh** – them; **sinn** – we, us; **cruinn** – together, united;

Astar – journey, distance; **cuain** – ocean; **dean** – do, make; **sgaradh** – separating; **Dùrachd** – good wish; **dàimh** – kinship; **bannaibh** – bonds; **toinnt'** – entwined; **Glèidh** – keep, maintain; **àgh** – joy, happiness; **dh'fhàg** – left;

Thuit – fallen; **crann** – lot; **saoghal** – world; **carach** – crafty, deceitful; **Coma** – indifferent, of no concern; **siud** – that; **mhaitheas** – goodness, **leinn** – with us; **beò** – alive; **dòchas** – hope; **ro-mhath** – very good;

The chorus, first verse and chorus are often used as a closing song at Gaelic functions.